

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk * This is Litir 237.*

Fhuair mi leabhar inntinneach mar phrèasant bho Bhodach na Nollaig. ’S ann air *puingeachadh* a tha e a-mach. Puingeachadh. ’S e sin a’ Ghàidhlig air *punctuation*, ged a tha mi an amharas gum bi mòran a-muigh sin, aig a bheil Beurla, a chanas, “mmm, *punctuation* ... an e stoidhle ciùil a th’ ann?” Tha mi a’ fealla-dhà. Cha bhi luchd-leughaidh Litir do Luchd-ionnsachaidh mar sin co-dhiù!

’S e ùghdar an leabhair Lynne Truss, agus ’s e an t-ainm a th’ air “*Eats, Shoots and Leaves: The Zero Tolerance Approach to Punctuation.*” Tha e mu dheidhinn mar a tha droch phuingeachadh ann am Beurla a’ cur sgreamh air an ùghdar, agus mar a dh’fhaodas na dearbh fhaclan diofar chiall a bhith aca ma bhios puingeachadh eadar-dhealaichte air a chur an sàs eatarra. Mar eisimpleir: *A woman, without her man, is nothing*; agus *A woman: without her, man is nothing.*

Nuair a chuir mi crìoch air an leabhar, thòisich mi air meòmhrachadh air suidheachadh na Gàidhlig. An gabhadh an aon seòrsa leabhair sgrìobhadh mun chànan againne? Uill, saoilidh mi, ged a tha gu leòr ann a bhios a’ dèanamh mhearachdan le puingeachadh ann an Gàidhlig, nach biodh leabhar Gàidhlig buileach cho inntinneach, leis gu bheil e nas dorra dà chiall a dhèanamh leis na h-aon fhaclan ’s a tha e ann am Beurla.

’S e as coireach ri sin gum bi dreach fhaclan, gu h-àraidh ainmearan agus buadhairean, ag atharrachadh ann an Gàidhlig, a-rèir na tha iad a’ dèanamh anns an t-seantans. Mar eisimpleir, ma chanas tu *Thilg iad an nathair fada*, tha sin eadar-dhealaichte bho *Thilg iad an nathair fhada*. ’S e an sèimheachadh de *fada* a tha ag innse dhuinn dè as ciall dha. Agus tha iad le chèile eadar-dhealaichte bho *Thilg iad an athair fada!*

Agus seo: *Cha robh an sgian air a’ bhòrd mòr*. ’S i an sgian a bha mòr. Ach nan canamaid, *Cha robh an sgian air a’ bhòrd mhòr*, bhiodh fios agaibh gur e am bòrd a bha mòr.

Ach tha puingeachadh cudthromach. Èistibh ri seo. *Tha luchd-dhrugaichean air bòrd an t-soithich*. Nise, le tàthan, no *hyphen*, eadar luchd is dhrugaichean, tha sin a’ ciallachadh gu bheil buidheann de dhaoine air bòrd a tha a’ ceannach is a’ reic dhrugaichean. As aonais an tàthain, chan eil agaibh air bòrd ach na drugaichean fhèin.

Tha stràcan cudthromach. Bidh fios agaibh gu bheil diofar mòr ann eadar *bas* is *bàs*, agus eadar cloimh (no cloimh) agus clòimh. Agus dè thachras ma chanas mi: *tha Iain is Eairdsidh sna h-oghaichean*, ach ma chuireas mi asgair ron “s” agus beàrn às a dèidh? Bidh an neach-leughaidh a’ smaoinichadh gu bheil rudeigin a dhìth. Tha Iain is Eairdsidh ’s na h-oghaichean ... dè? Dè tha iad a’ dèanamh?

Agus tha litreachadh ceart cudthromach. *Tha mi a’ dol a ruith an t-sabhail*. Dè? Am bi sabhal a’ gluasad? Ciamar a bhios mi ga ruith? No an robh mi a’ ciallachadh, “Tha mi a’ dol a Ruigh an t-Sabhail” — “*I am going to Rhintoul*”?

Bha an duine sòlaimte ann an Lunnainn. A bheil sin a' ciallachadh gun do thachair e gu robh an duine a bha seo, a bha an-còmhnaidh sòlaimte, ann an Lunnainn, no gu robh an duine dìreach sòlaimte aig an àm sin air sgàths 's gu robh e anns a' bhaile mhòr? Chan eil puingeachadh a nì sin soilleir dhuinn, tha eagal orm.

Agus, uaireannan bidh thu a' smaoinichadh gu bheil fios agad dè tha rud a' ciallachadh nuair a thig teagamh nad inntinn. 'S e sin an duine a bhreab mi an là eile. Cò bhreab cò? Bidh mi air ais an ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na seachdaine: Bodach na Nollaig: *Santa Claus*; puingeachadh: *punctuation*; stoidhle ciùil: *style of music*; eatarra: *between them*; mearachdan: *mistakes*; dreach fhaclan: *word forms*; tàthan: *hyphen*; stràcan: *accents on letters*; bas: *palm of hand*; bàs: *death*; cloimh: *scab (eg sheep)*; clòimh: *wool (eg sheep)*; asgair: *apostrophe*; beàrn: *gap*; teagamh: *doubt*.

Abairtean na seachdaine: mar a tha X a' cur sgreamh air an ùghdar: *how X sickens the author*; mar a dh'fhaodas na dearbh fhaclan diofar chiall a bhith aca: *how the same words can mean different things*; leis gu bheil e nas dorra dà chiall a dhèanamh leis na h-aon fhaclan: *because it is more difficult to make two meanings with the same words*; cha robh an sgian air a' bhòrd mòr: *the knife on the table was not large*; cha robh an sgian air a' bhòrd mhòr: *the knife was not on the big table*; tha luchd-dhrugaichean air bòrd an t-soithich: *drug-dealers are on board the vessel*; tha luchd dhrugaichean air bòrd: *a cargo of drugs is on board (you might say luchd de dhrugaichean to make it clear)*; tha mi a' dol a ruith an t-sabhail: *I am going to chase the barn*; bha an duine sòlaimte ann an Lunnainn: *the solemn man was in London OR the man was solemn in London*; chan eil puingeachadh a nì sin soilleir dhuinn, tha eagal orm: *there is no punctuation which will clarify that for us, I am afraid*; 's e sin an duine a bhreab mi an là eile: *what's your own translation for this?*

Puing-ghràmar na seachdaine: Thilg iad an nathair fada: *they threw the snake a long way*. Fada is here an adverb. Thilg iad an nathair fhada means "they threw the long snake"; fada is here an adjective and is lenited because nathair is a feminine noun. As regards thilg iad an athair fada, I refrain from further comment as I do not wish to encourage children in such activity, whether their fathers be long or otherwise! But what if I had chosen a masculine object? What does thilg iad am pasgan fada mean? It could be either "they threw the parcel far" or "they threw the long parcel". Tha Iain is Eairdsidh sna h-oghaichean means literally "John and Archie are in the grandchildren (anns na h-oghaichean)" ie they share the same grandfather, so they are first cousins. But if we write tha Iain is Eairdsidh 's na h-oghaichean we mean "John, Archie and the grandchildren are..." (ie ... agus na h-oghaichean) and we await the rest of the sentence. Sna and 's na are abbreviations permitted by GOC (Gaelic Orthographic Conventions).

Gnàths-cainnt na seachdaine: Tha mi an amharas gum bi..: *I suspect that...*

* "Litir do Luchd-ionnsachaidh" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig